



Hall 195 h. 1(1-22)

National Library of Scotland



\*B000274327\*





F. C. BUCHANAN

Collected by the  
Dr. Macdonald of Glasgow





CUMHA

AN DIADHAIR URRAMAICH

DR. THOMAS CHALMERS,

A CHAOCHAIL ANNS A' BHLIADHNA 1847.

AGUS

DA DHAN SPIORADAIL EILE.

LE

DONNCHADH MAC GILLEADHAIN,

MINISTEIR NA H-EAGLAIS SAOIRE ANN AN GLEANN-URCHAIDH.

GLASGOW:  
PUBLISHED BY DUNCAN MACVEAN.  
1848.



LAURISTON CASTLE  
LIBRARY ACCESSION



## ROIMH-RADH.

---

“A LANACHD a’ chridhe labhraidh am beul.”—’S ann mar so a thachair do ughdair an dàin a leanas:—cha b’ urrainn dha cumail air fein, ’s o nach b’ urrainn, leig e brùchd a mach do ’n bhròn ’s do ’n mhulad a lìon a chridhe. Thug e oidhirp, ’s bu dàna dha, air faireachadh cràidhteach a chridhe fein is cridhe a luchd-dùthchadh—seadh, agus Eaglais Dhé anns gach dùthaich agus tìr a chur sìos ’n a dhàn: agus mar so, dealbh agus iomhaigh an diadhair chliùtaich agus urramaich a chàramh ann an sgàthan soilleir,—cainnt a mhàthar, mu choinneamh sùl a luchd-dùthchadh.

Bha e sàr chinnteach gu’n robh cainnt a shìnnsear, nan tugadh esan buil cheart aisde, ’n a meadhon ro fhreagarach airson na h-ionnsuidh a thug e; agus bha e, a mach ’s a mach, cho cinnteach, cia sam bith mar shoirbhicheadh i leis, gun robh i cliùteach innte fein, is nach buinteadh gu cruaidh na gu h-asain ris, ged a thigeadh e fada, ro fhada gearr air a’ chòir; ni tha e làn-mhothachail a thachair.

Co a labhradh mar thigeadh dha, seadh, a reir a bheachd is a mhiann fein, mu dhuine, bha ann am mòrachd inntinn, agus an gràsan agus feartan spioraid, ’n a Eaglais fein ’s an Eaglaisean Chrìosd air fad, mar Shaul am measg mhùltean Israel—an ceann ’s an amhach os an ceann gu léir! Duine as an robh an tìr a dh’àraich e a’ deanamh moit agus uail, a bha am beachd ’s am fradharc a sùl ’n a ullaidh ’s na shaoibhreas—a dh’àrdaich i fein ’s a h-Eaglais ann am meas ’s am barail an t-saoghail, a bhuilich tagha agus rogha a làithean ’s a bhudhan iongantach, o latha a dhùsgaidh ’s a bhicthachaidh, o shuain ’s o bliàs a’ pheacaidh, gu latha a thriall ’s a thurais gu riogbhadh na glòire, ann an seirbheis Dhé ’s a phobuill,—seadh, ann an leas agus buanachd aimsireil agus bhìbhuan an duine air feadh an domhain air fad, a chur air aghaidh—duine a lìon sùil agus cridhe an t-saoghail, ach gu h-àraid uile Eaglaisean Dhé, os ceann gach duine ’n a linn.

Co a chuireadh an ceill, air chòir, cliù agus iomradh a leithid so do dhuine? C’ àit am faighear an duine tha làn-fhoghainteach air son a’ ghniomh chruaidh agus dheacair so? Chithear e ’n uair a chithear a shàr choimpre agus a làn chompanach fein ’s an Eaglais a rìs.

O, thigeadh do 'n chlàrsaich bhi da rìreadh fonnmhor, labhar, agus milis; is do 'n chlàrsair a thogadh am fonn a bhi teòma, deas-lamhach, a chuiradh cliù agus moladh an diadh-air urramaich an céill air chòir; cha chùis nàire no maslaidh le fear an dàin ged thilgt' air gun d' thainig e fada, ro fhada, goirid, 's an ionnsuidh dhàna a thug e. Cha ruig fear eile 'leas so innseadh dha—tha e làn mhothachail 's a' chùis; ach mantach, liodach, lapach, ged mheasar a dhàn, chuir e an clòdh e. Is e 'dhòchus gun gabh a luchd-dùthcha a lethsgaul, on b' e a rùn is a mhiann barrachd a labhairt mu na h-ath-raichean agus na bràthairean cliùteach air an d' rinn e iomradh 's an dàn. Scadh, agus tighinn air àireamh nach beag dhiubh a ghairmeadh gu 'm fois, air nach tug e iomradh idir.

Ach orra so cha tig e aig an àm. Ma 's e agus gun àrdaich na chuire sios mar tha na Cumhachdaich agus na Prionnsachan a thuit o chionn ghoirid 'n ar n-Israel ann am beachd a luchd-dùthcha—ma 's e 'us gu meudaich e a meas 's an gaol air a' chùis a thagair iad, na fìrinnibh a dhìon 's a sheas iad, is airson an d' fhuiling iad air iomadh dòigh,—bithidh oidhirp an ughdair air a crùnadh le buaidh, agus fhair e a dhuais agus a luach-saoithreach.

D. M.

GLEANN-URCHÀIDH, *Mios Màigh*, 1848.

## CUMHA DHOCTAIR CHALMERS.

Ciod e so an naidheachd,<sup>1.</sup>  
A gheibhear 's a' bhaile 's gach beul ?  
Ciod fa na trom acain,  
Tha ionann 's a srachdadh gach cleibh ?  
Ciod thuige cho bithcheant  
A chithear an deur air a' ghruaidh ?  
'S co 'n t-ainm so, le tioma,  
A chluinnear gach teanga a' luaidh ?  
Tha Albainn fo mhulad,<sup>2.</sup>  
Is uimpe chuir culaidh a' bhròin ;  
Tha 'n Eaglais ri tuire,  
Ag cluinntinn 's ag aithris an sgeòil ;  
Cha bhréug, aeh sgeul fìor e,  
Is dearbh smior na fìrinn, gun sgleò,  
O 'n chualas gu 'n d' éug e,  
Sàr cheannard nan cèud a b' àird glòir.  
'S ann oirne,<sup>3.</sup> ri tiota,  
A thàinig an clisge bu gharbh,  
'S ann oirne, ri platha,  
A thàinig an naidheachd bu shearbh,  
'S ann bhrùchd oirnn maoinseibhe,  
Am meadhon a' chèitein a dh' fhalbh,—  
Thug solus na gréin' uainn,  
'S a dh' fhàg sinn gu h-éiscineach, balbh.  
'N uair chò'luich<sup>4.</sup> an comunn  
Bu shomult', air maduinn Di-luain,  
'S a chuala 's a thuig iad,  
Am buille 's am briscadh a fhuair ;  
Sgeul cruaidh a' mhi-fhortain,  
A chràidh 's a chri lot iad gu gèur,  
Bu lionmhor an osnai,  
'S bu chianail an coslas gu léir.

Cha 'n ionghna leam idir  
 Gu 'n dhiobair am misneach car uair,  
 An suil a bhi silteach,  
 Is dui-neul a' bhròin air an gruaidh,—  
 Thuit abhall a' ghàraidh,  
 'S an darag a b' àirde 's a' choill,  
 Le osag an fhàsaich  
 Ghrad spadadh gu làr i le maoin.

Cha 'n ionghn' leam na bràithrean  
 Bhi cumhadh am bràthar nach beò ;

Cha 'n ionghn' leam na càirdean  
 Bhi dubhach is cràiteach gu lcòir,—

Na h-uain \* tha 's an fhàsach  
 Air uideal is ànnra 's a' cheò,  
 Bhi tuireadh am màthar,  
 A dh' àraich dhoibh gràdh a bha còrr.

Cha 'n ionghn' leam an sgioba  
 Am misneach car tiota a chall,

Bha fo stiùradh do ghliocais,  
 A 'g iomramh 's ag iomairt nam ball,

Bhi bruaidleanach, dubhach,  
 'S an ionn-chomhairl mhuladach theann,—

Thuit an stiùreadair gaisgeil,  
 Chaidh 'n iùlhairt 's an taice air chall.

'N uair thuit am fear-brataich,  
 Bha gun taise an làtha na strì ;

'N uair thuit an sàr ghaisgeach,  
 Bu mhaicant' ri latha na sìth ;

'N uair dh' ionndrainn iad uath e,  
 Am b' ionghna, mo thruaighe, ge b' fhìor,

O 'n champ gun do chualas  
 Toirm bhròin agus chruadail bu tiom ?

Be sud fear nam buadhan,  
 Bha urramach, uasal, thar chàch—

'N ceann 's an robh 'n enuasachd,  
 Thar na dh' fhaodta a luaidh a' toirt bàrr ;

\* The Students of Theology.

Ceann a' ghliocais, 's na cèille ;  
 Com na misnich 's na féile bha àrd ;  
 Nach strìochda do chruaidhechas,  
 Ged chuireadh e smuairin air càch.

<sup>10.</sup>  
 Ann an comasan nàduir,  
 Co am fear a thug bàrr ort, na buaidh ?  
 Ann an tìodhlaca' gràsail,  
 Co dh' fhaodteadh leat àireamh na luaidh ?  
 'S cha d' dhiobair thu 'n cleachdadh—  
 O, b' fhada o d' bheachd e, 's o d' ghnàs,  
 An aobhar a' pheacaich,  
 Ga thrèdach gu carraig na slàint.

<sup>11.</sup>  
 O làtha do shaorsa,  
 'N uair dhoirteadh gu saor is gu tlàth,  
 Air d' anam an gaol sin  
 Nach caochail 's nach traoigh gu là bhràth,  
 Gus 'n d' ghairmeadh gu d' fhois' thu,  
 'S na shealbhaich an clos a tha buan,  
 Bha thu daonnan neo-fhoistneach.  
 An aobhar 's an obair an Uain.

<sup>12.</sup>  
 'N uair rachadh tu 'n chrannaig,  
 'S mu d' thiomchioll a theannadh an sluagh,  
 'S ann a' d' shùil bhiodh an lannair,  
 'S ann thigeadh an lasan a' d' ghruaidh ;  
 'S ann le d' theagasg bha 'n cumhachd,  
 'N a d' ghuth a bha 'n cudthrom 's a' bhuidh,  
 'S bhiodh peacaich a' clisgeadh,  
 Na 'n cridhe bhiodh iomairt bu chruaidh.

<sup>13.</sup>  
 Ro fharsuing bha d' còlas  
 Air oibre ro ghlòirmhor an Triath—  
 'S tu bheacaich le sòlas  
 Air gach aon diubh an oir is an iar ;  
 Mar fhireun na h-ealtuinn,  
 A' dìreadh am broilleach na gréin',  
 Leis an t-sùil a bha beachdail,  
 A' dcarca air maise nan spéur.

14.

Lorgaich thu le neart sùla,  
 Is tùr a ehvir ionghna air càch,  
 Balbh iomachd nan réulta,  
 Tha deàrsa 's na spéuran gu h-àilt  
 'S an t-eòlas a chnuasaich,  
 'S an sòlas a bhuaib air a shàil,  
 Cha d' eheil thu o 'n t-sluagh c,  
 'S cha d' fholluich fo ehuaich no fo chlàr.

Is lorgaich thu eumhaehd,  
 Is mòrachd a' Chruithfheir 's gach nì,  
 'S thug air oibre na cruinne  
 Gun ioca dha cuspan is cìs ;

Is thiolaic mar ofrail,  
 An t-iomlan gu toileach dha féin,  
 Do 'n ullaidh a fhuair thu,—  
 O, sinne na truaghain a' d' dhéigh.

Bu domhain do bheachd, is  
 Bu eheart e, gun aga gun sglèò,  
 Air suidheach an duine,  
 'S an nàdur tha duthelasaeh dhò ;  
 Oir ehlcaehd thu féin-sgrùda,  
 'S féin-rùrach gu grunn-dail 's gu teann,  
 'S dh'altruim spiorad na h-ùrnuigh,  
 Is spiorad na h-umhlachd gach àm.

B' i sud a' ghnùis fhlathail—  
 Bha maise a' dcalradh a' d' ghruaidh ;  
 B' e sud an ccann labhairt,  
 Air gach teangair thug barrachd is buaidh ;  
 Cainnt dhian, mar cas-monaidh,  
 Mar iomghaoith an coire nam beann,  
 Mar theine gath soluis,  
 'S mar thàirneanach coimheach nan gleann.

B' e sud am fear dìreach,  
 A b' aon-fhille inntinn bha beò ;  
 'S ann thuineh an diadhachd  
 A smachdaich 's a chiosnaich an fheòil.

Teas

Bha e saor mar an leanamh,  
 Bha e maol anns gach car agus lùb ;  
 Air bu bheag 's bu ro-shuarach  
 Luchd nan lùchleasa tuaitheal nach fiù.

<sup>19.</sup>  
 Bu tu 'n saighdear 's an gaisgeach—  
 Cha d' fhoghlum thu ghealtachd, 's cha b' eòl  
 Sheas thu 'n fhìrinn, is thagair  
 Leis a' bheul bu neo-lapaiche glòir ;  
 Ghlac thu 'n crann, sgaoil thu bhratach,  
 Gu teann is gu gaisgeil 'na d' dhòrn ;  
 'S cha d' fhàisgeadh a d' ghlaic i  
 An comhrag na 'n gaisgeach 's na 'n seòd.

<sup>20.</sup>  
 Bu tu caraid nan uaislean,  
 Nam foghlumadh uaitse an leas,  
 Bu tu caraid nan truaghan,  
 A thogadh o 'n lua' iad gu meas ;  
 Sheall orra mar bhràithre,  
 Ag àrach dhoibh gràdh a bha buan ;  
 'S cha 'n ionghn' dhoibh bhi cràiteach  
 'Ga d' thasga', 's ga d' fhàgail 's an uaigh.

<sup>21.</sup>  
 'N uair thainig an iomairt  
 Chuir giorag air ioma fear trèun,  
 'S a thòisich a' charraid  
 Chuir sgannradh is dealach 's an trèud,  
 Mar charraig a' chladich,  
 Toirt dùlan do shlachdraich nan tonn,—  
 Sheas thusa, a ghaisgich,  
 'S cha d' ghluais thu, 's cha d' charaich o d' bhonn.

<sup>22.</sup>  
 'S bu diomhain do 'n chuideachd,  
 An lìonta do d' rioba a sgaoil,  
 Le briodal beòil mhilis,  
 O d' dhìlseachd cha d' thuislich 's cha d' aom.  
 Cha 'n e sùil caillich-oidhech  
 Bha 'n gnùis ghlan an t-saighdear gun sgàth ;  
 Ach smior shùil an fhìr-eoin,  
 A chunnaic an lìon fad o làimh.



23.

An aimhreit leat b' fhuathach,  
 'S i 'n éigin a ghluais thu gu strì ;  
 Is chaidh thu gu d' dhùlan,  
 Is shaothrich fad ùin air son sìth ;  
 Ach dh' aindeoin do mhcas oirr',  
 'S am briseadh bha tcannadh ort dlùth,  
 Leat b' annsa an fhìrinn,  
 Is còraichean Iosa, 's a chrùin.

24.

Cha d' fhàilnich do mhisneach,  
 'S cha d' ghabh thu maoin, clisge, na sgàth—  
 Bha do mhuinghinn ro sheasmhach  
 'S an Ti sin a sheas thu a ghnà ;  
 Rinn thu greim air a' chumhachd—  
 Fhuair tearmunn fo dhubhar a sgèith,  
 'S fo stiùradh a ghliocais,  
 Thug thu Sion gu uisgeacha sèimh.

25.

'S goirt leam càramh do theaghlaich,  
 A' cumha 's a' caoineadh ad dheigh ;  
 'S goirt leam càramh do mhnatha,  
 'N a cridhe chaidh saighcad an éig ;  
 'S goirt leam càramh na h-Eaglais,—  
 'Na meadhon bha thusa mar rèul ;  
 Chaidh 'n rèul ud fo dhubhar,  
 'S an iongn' dhi bhi dubhach a' d' dheigh ?

26.

Fà 'm bròin is am mulaid  
 Bhi d' fhàgail 's tigh chumhann, chaol, fhuar,  
 A ghaisgich, a churaidh,  
 O, 's tràth leinn a shiubhail thu uainn ;  
 Ach dhuinne ged 's oidhch' e,  
 'S là soillscach, gun teagamh, gun bhréig,  
 Tha nise a' boilsgcadh,  
 Le blàs agus caoimhneas ort féin.

27.

Tha do là-sa gun oidhche—  
 'S e do lòchran soillse tha buan—  
 O, 's grianach e 'n còmhnuidh—  
 'S leat caidreamh is còmhradh an Uain.



Air do mhala tha 'n crùn sin  
 Bha d' shealla, 's ad dhùil ioma là,  
 'S a dhuilleach tha ùrar,  
 Oir seargadh cha dùchasach dha.

28.

'S cha do chum thusa dadum  
 Do 'n stòras a bh' agad o chàch ;  
 Cha d' cheangail thu 'm bréid e,  
 'S cha d' adhlaic leis féin e fo làr :  
 Le fialachd na gréine,  
 A shiubhlas 's na spéura gu h-àrd,  
 Bha thu d' sholus 's a'd éibhneas  
 Do Eaglaise *Dhé* anns gach àit.

29.

Ged is ìosal do leaba,  
 'S ged 's foisneach do chadal, 's ge buan ;  
 'S ged is tosdach do theanga  
 Fo cheangal is chranna na h-uaigh :  
 Tha i fathast a' labhairt  
 Le caismeachd tha labhar gu leòir,  
 Toirt carail do 'n t-saoghal,  
 Leis an smachd is an gaol dhi bu nòs.

30.

Chuir thu 'n saoghal fo fhiacha',  
 Le d' còlas, le d' eud, is le d' sha'oir ;  
 'S cha leigear air dichuimhn'  
 An Diadhair, a dhiadhachd, 's a' ghaol,—  
 Mar tha c 's an àl so,  
 Bidh iomradh 's gach àl tha ri teachd ;  
 'S mar thùis is cùr'-fàile,  
 Bith ainm Dhoctair Chalmers gu beachd.

31.

O, 's trom iad, na buillean,  
 'S a 's cumanta, guineach, is cruaidh,  
 Tha 'n Eaglais a' fulang,  
 O 'n chuir i an cath a bha buan ;  
 'S ioma scòd agus gaisgeach  
 Bha nan lòchrana lasrach na 'n là,  
 Tha gun dcò, air an tasgadh,  
 An seòmraichean glaiste a' bhàis.



32.

Tha Sion fo mhulad,  
 'N a suidhe an duslach 's an luaithr';  
 'S trom acain a cléibhe,  
 'S is bithchionnt an déur air a gruaidh;  
 I cumha nan gaisgeach,  
 Na seòid nach bu tais, is nach b' fhann,  
 'N àm cruadail neo-ghaiseach,  
 'S neo-ghcaltach, 'n àm iomairt nan lann.

<sup>33.</sup>  
 Tha i 'g ionndrainn, 's cha 'n ioghn' di,  
 • An diùlnaich bha cùiseil, 's nach b' fhaoin,  
 Ceann-riaghlaidh a' chomuinn,  
 'N uair thàr iad a ccangal na daors';  
 'Dhochtair Welsh, bu shàr dhuin' thu,  
 Rinn thu 'n gnìomh ud a bhuin dhuit, 's bu dual.  
 Ghluais thu 'n luing fir do shloinne,  
 'S cha d' nàraich an t-urram a fhuair.

<sup>34.</sup>  
 Tha i 'g ionndrainn a' Bhrùnich,\*  
 An diadhair bu chiùine, 's bu chaoin;  
 Tha i 'g ionndrainn an diùlnaich  
 Bu làidir an ùrnuigh, 's an gaol,—  
 A' ghnuis ud a b' fhèinealt,  
 'M beul labhradh an fhèirinn gu saor—  
 Sheas Eaglais a shìnnsear,  
 'S o shlighe na dìlseachd nach d' aom.

<sup>35.</sup>  
 Tha i tuircadh MhicBhrèidein,†  
 Sàr cheatharnach cinnteach gu leòir—  
 Bu mhòr ann an crith' e,  
 B' iad comasan inntinn bhia còrr;  
 Bu mhòr e 's an fhèirinn—  
 Bu mhòr ann an dìlseachd do 'n chòir—  
 Bu mhòr, ach bu shìothchail;  
 Bu gharg, ach bu mhìn am fear mòr.

<sup>36.</sup>  
 Cha bu tais e 'n àm cruadail,  
 Cha bu tais e 'n àm bhuala nam bèum;

\* Dr. Brown, late of St. John's, Glasgow.

† Mr. Peter M'Bride, late of Rothsay.

Ged bu tais ris an truaghan—  
 Ged bu tais c ri uanaibh an tréud ;  
 A' chuile a bha brùite,  
 An cridhe bha ciùirte fo leòn ;  
 An lìon air bheag smùide,—  
 Cha b' esan a mhùchadh le 'dheòin.  
 Ach Alastair <sup>32</sup> Stiùbhairt,\*  
 'S e do bhàs-sa chiùrr mi gu gèur—  
 B' òg chaidh thu ri d' dhùchas,  
 'S cha d' chlaon uaith fad d' ùine 's do rè ;  
 Dheadh mhic an deadh athar,  
 Bu mhaitheasach flathasach gnàs—  
 An teangair thug barrachd—  
 An diadhair bha pailt anns gach gràs.  
 Dhomhs b' aithne <sup>38</sup> do bhéusan,  
 'N uair bha sinn le chéile gle òg ;  
 Dhomhs b' aithne do chéudfaith,  
 Is d' fheartan a b' cugsamhuil glòir ;  
 Inntinn fharsuing, ro shoillcir,  
 Cridhe dìreach, gnìomh foilleil nach b'eòl.  
 'S bha do theagasg 's do bhéusan  
 Comhfhreagra r' a chéil' air gach scòl.  
 Glòir dhaoine a' <sup>39</sup> bhuanachd  
 Cha d' iarr thu, ged fhuair thu, ged m'heal ;  
 O, b' fhaoin leat mar dhuais i,  
 Oir b' fhios duit nach dual dhi gu mair :  
 Bha do dhùil agus t-fhiughair  
 Ris an fhàilte 's am furrán a fhuair.  
 “ Gabhsa fois o d' uil' shaothair,  
 'S meal caidreamh is aoibhneas an Uain.”  
 Gaoir do phobuill cha 'n ionghn' leam,  
 Ga d' thasgadh 's ga d' fhàgail 's an uaigh—  
 An gnuis a bhi dubhach,  
 'S na deòir a bhi sruthadh o 'n gruaidh ;

\* Rev. Alex. Stewart, late of Cromarty, son of Dr. Stewart,  
 —first of Moulin, in Athol, and latterly of the Canongate,  
 Edinburgh.

'S ionann 's uain air an spannadh  
 O 'n chich thug dhoibh bainne is lòn—  
 O chomunn am mathar,  
 Bha na blàs dhoibh, na sgàth dhoibh, 's na treòir.

<sup>41.</sup>  
 'S co ionann 's sgaoth bheachan  
 A' chreachadh, 's a spuinneadh d' am maoin,  
 Gun dìon air an aitreabh  
 Thug didein is fasgadh nach b' fhaoin ;  
 An samhr' air dol seachad,  
 'S an gcamhradh a' teannadh 'n an còir,  
 'S gun fhios c' àit an cnuasaich  
 A' mhill 'thaisgear suas nan tigh-stòir.

<sup>42.</sup>  
 'S nior leigeam air dichuimhn'  
 Am fìrcan bu dìleas, 's bu chaoim,  
 Chaidh ri dhùchas 's ri shìnnscar,  
 'S o 'n cos-cheum nach deachaidh a thaobh,—  
 An Dòmhnallach prìseil,\*  
 Tha 's na h-Innsean gu h-ìosal 's an ùir,  
 'N a chodal an Iosa,  
 A lean e gu dìleas, 's gu dlùth.

<sup>43.</sup>  
 Bu phailt e an saothair,  
 Bu shaoibhir an gaol e 's an gràs ;  
 Bu lochran gu sìnal e,  
 Bu leomhan neo-ghealtach gun sgàth.  
 Bu rùmmail a' chridhe,  
 'S bu chaoimh e, 's bu duineil, 's bu bhlàth ;  
 Innsidh Breatunn 's na h-Innsean,  
 Gur fìrinn a sgrìobh mi am dhàn,

<sup>44.</sup>  
 Fhuair gairm, dh' fhàg do dhùthaich,  
 Is stiùir thu do chùrsa thar chuan ;  
 Thuig thu 'n guth thain' a' d' ionnsuidh ;  
 B' e guth fir do rùn e 's do luaidh :  
 'S cha d' iarr comhairl' na seòladh,  
 O fhuil no o fheòil anns a' chùis ;

\* Mr. John Macdonald, late Missionary at Calcutta, son of Dr. Macdonald of Urquhart.

'S dh' fhàg thu coimhthional brònach,  
D' an robh thu a' d' lochran car ùin'.

'S bu shoilleir do <sup>45</sup>n Eaglais  
Gun do leugh thu do dhleasd'nas air chòir,  
Gun robh d' fhearta co-fhreagrach  
Do 'n aobhar bha 'd bheachd ioma lò ;  
'S fhuair do shaothair a' ghnuis sin,  
B' e t-ùrnuigh, 's do dhùrachd gach tràth ;  
Ach àireamh do sheula,  
Cha chunntar gu léir gu là bhràth.

Ach, O ! cuin' a <sup>46</sup>sguirinn  
Do m' thuire', do m' mhulad, 's do m' dhàn,  
'N an ainmichinn buileach  
Gach curaidh a sgathadh gu làr ?  
Bha cuid dhiu nan ògain,  
Is dealta na h-òig air an gnùis,  
Fo dhuilleach bu lòdail,  
'S fo 'n mheas a bu bhòiche, 's bu chùr'.

Cuid eile dhiu <sup>47</sup>aòsda,  
Fo thoradh ag aoma gu làr,  
'S iad a' feitheamh na h-uaire,  
Gun cagal no uamhunn roi' 'n bhàs ;  
Le 'n lochrana soillse,  
A' lasadh 's a' boilsge gu dian ;  
A' feithcamh, le foighid,  
Gus 'n gairmear iad dhachaidh gu *Dia*.

B' e' m peacadh <sup>48</sup>c' dhuinne  
Ar mulad gun rachadh thar chòir,  
Ag ionndrainn nan gaisgach,  
Tha 'n tasgaidh car tacain fo 'n fhòid :  
Ged chrion iad, ged sheachd iad,  
Thig grian orr, thig dealt orr, thig lò :  
'S gur subhach an dùsgadh,  
'N uair ghairmear o 'n ùir iad gu mòd.

Ged is tosdach <sup>49</sup>gach clàrsach.  
Bu mhilse 's bu labhara ceòl,  
'S gu 'm measta mar dhànachd  
Na dh' fhagadh a thàradh nan còir ;

'S ged nach faicear na réuil ud  
 A' dealradh 'n ar spéura ni 's mò,  
 'S nach cluinnear na béil ud,  
 Bu bhinn leinn bli 'g éisdeachd gach lò,—

50.

Cha 'n fhàilnich ar misneach,  
 Ged lagaich car tiota, car uair,  
 'N uair thainig oirnn clisge,  
 Is iomadaidh briseadh bu chruaidh ;  
 Ar n-acair tha cinnteach,  
 Ar tearmun, gu cinnteach, cha bhrèug ;  
 Faic Iosa, ar n-ìobairt,  
 Ar ceannard 's ar dìdcein nach tréig.

51.

'N a ghàirdcein tha dìdcein,  
 Le bhrataich, gu cinnteach, bidh buaidh ;  
 'S da mhòrachd-san strìochdaidh,  
 'N an aimsir, gach tìr agus sluagh :  
 Seadh, fòs, aig a' chosaibh,  
 'Sìos sleuchdaidh, le onair, gach glùn,  
 'S bidh 'n aidmheil ud coitcheinn,  
 Gur glòirmhor a choisinn e 'chrùn.

## RABHADH DO 'N MHUINNTIR NEO-IOMPAICHTE.

*Chaidh am Fogharadh seachad, tha 'n Samhradh crìochnaichte,  
 ach cha 'n 'eil sinne air ar saoradh.—Jer. viii. 20.*

A leisgein, grad mhosgail o d' shuain,  
 Grad mhosgail 's an ~~shuain~~ uair o d' fhois :  
 Chuir cuibhle bli'an' cile dhi cuairt,  
 'S tha aimsir ruith luath gun chlos.  
 Mar amhainn ruith seachad gu dian,  
 Tha làithe is bliadhna' gach neach ;  
 'S cha dealraich ort gealach no grian  
 Nan làith 's nam bliadhna' chaidh seach.

Tha àm agus trà aig gach nì,—  
 'S e àm chur an t-sìl am màrt,

Am ghartghlan gach luibhneach gu 'n bhri,  
 Am fàsach gach nì gun stà ;  
 Am àitich gach fearainn is fonn,  
 Am ruamhar gach tòim 's gach glaie,—  
 'S an duin' a bheir buil as le conn,  
 Cha 'n fhaicear e lom *na 'n* aire.

Tha gàradh an leisgein gun dìon,  
 Tha 'challaid a' crìon' air làr,  
 Tha eopag a' fàs ann is feur,  
 Is cluarain gu dian a' fàs.  
 'S ged chuir' thu an sìol do gach seòrs,  
 A ehaidh eha tig lò bheir meas,—  
 Mur taisg thu an cogul a' d' stòr,  
 'S mur tionail thu lòn o 'n dris.

Mur tional thu figean o 'n dris,  
 Is fion-dhearc o 'n ghigan-ghèur,\*  
 Gne thoraidh cha 'n fhaighear na lios ;  
 Gne thoraidh 'm bheil brì na feum ;  
 'S ged ghabhadh an fheòil iad mar bhiadh,  
 'S ged' bhiodh iad a' miann da rèir,—  
 An lòn iad do 'n anam chuir Dia,  
 A ghaidheain, gun chiall a' d' chrè.

Mar Edein, làn aoibhneis is glòir,  
 Mar Edein, an tòs an t-saoghail,  
 Mar Edein, 'm fad dh'ìocadh a' chòir,  
 Le 'r sinnsear', le deoin is gaol ;  
 Mar Edein, làn sgeudaicht le mais,  
 Mar Edein, 'n robh tlachd na Triath,  
 Mar Edein, bha 'n t-anam làn snas,  
 Mar Edein, na theach aig *Dia*.

'S tur chaochail a dhreach is a shnuagh,  
 'S e fastail na truaigh 's a' bhròin ;  
 'S e ionad na h-euslainte chruaidh,  
 A lagaieh gach buaidh 's a leòn ;

\* Foghnan—Thistles.—Skye.



'S e dachaidh a' pheacaidh 's a' bhàis,  
 'S e 'n t-ionad gun àgh gun ghlòir,  
 'S e 'n uaigh e do thruailleachd làn,  
 'S e 'n talla gun ghràdh do 'n ehòir.

Tàmh-ionad gach farmad is èud,  
 Gach toibheum, gach bréug is sgleò :  
 Teach duaiehnì gach uile agus béud,  
 A ehual thu fo 'n ghréin ri d' lò ;  
 'S e 'n fhàrdach gun solus gun ghrian,  
 An teampull gun Dia 'n a ehòir ;  
 'S e altair is àros an diabhoil,  
 'S am bheil e a' riaghl' na ghlòir.

'S e Sàtan a dh' fhuasgail gach srian,  
 A ehàraich làmh Dhia 'n a d' bhéul ;  
 'S e dh' fhada gach éibhl' anamiann,  
 Las teine eho dian a' d' ehreúbh ;  
 'S e chòmhdach sùil t-anama le eeò,  
 A mhùeh an naomh dheò bha d' ehri,  
 A ehèil ort an solus 's an lò,  
 'S a shìolehuir gach pòr gun bhrìgh.

'S e shìolchuir gach pòr gun bhri  
 A' d' anam gun di a steach ;  
 A ghoid uait do neart is do chlì,  
 'S na d' ehodal a bhriodail seach.  
 O ! leisgein, euin' sguireas do shuain,  
 Nach tàr thu o 'n uaigh a mach,  
 Mu 'n tuit ort an eadal bhitheas buan,  
 'S mu 'n tig ort là eruaidh na h-aire.

Tha 'n là sin ag iathadh ort dlù—  
 Ort thig e gun sùil r' a theachd ;  
 Mar ghoideas an gaduieh á cùil,  
 'S eha 'n fhalbh e gun spuinn 's gun ehreach.  
 'N uair dhluigheas an t-aog ann a d' dhàil,  
 'S ro fhiata is grannd a shnuagh ;  
 'S eha 'n fhògrar a mach e a' d' là'ir,  
 Gus an cuir e am blàr le buaidh.



Thriall samhradh is carrach do làith',  
 'S tha thusa a' d' thràill gun saors,  
 'S cha d' fhògradh an galar 's a' phlàigh  
 A thilg thu 'n a d' thràill an daors.  
 'N sìol chinnich 's a chuireadh a' d' fheòil,  
 A' d' leanabas 's a' d' òig gu pailt,  
 An dìong e gu suthainn, mar lòn,  
 Na 'n cum e thu beò gun aire ?

Luidh sneachda na h-aoise mu d' ghruaig,  
 Thriall maise do shnuagh gu léir,  
 Rco 'n smior a bha d' chnàimh is an smuais,  
 Thraogh cuisle a bha uaibhreach tréun,  
 Dh'eug fradharc is dèarsa do shùl ;  
 'S cha dean iad do stiùr mar b' à'ist ;  
 'S tha dorsan na claisteachd 's a' chiùil,  
 Air druideadh, gun sunnd, gun stàth.

'M bheil innleachd na gliocas 's a' bhàs,  
 Dòigh tàraidh o chràdh 's o thruaigh ;  
 Mar thuiteas a' chraobh air an làr,  
 An luidh i gu bràth 's gu buan ?  
 An cluinnear an rioghachd a' bhàis  
 Aon iomradh gu bràth air saors ?  
 Na 'm fuasglar o 'n gcimhlibh gu bràth,  
 Na braighdean tha 'n sàs an daors ?

Am fàgar aon chraobh anns an lios,  
 Mar giùlain i meas is blàth,  
 'S ann loisgear, mar chonnadh, gun mhcas,  
 A' chrionach 's an dris gun stàth ?  
 "Nach leòir iad bhi suidhicht' 's a' ghàr'—  
 " 'S do dhuilleach fo strachd nach faoin ?—  
 " Gearr sìos iad, 's grad thilg as mo là'ir,  
 " Ghabh m' anam dhiubh gràin, 's cha ghaol."

Nach mithich bhi 'g amharc a null,  
 Nach mithich chur sùrd air d' fhéum,  
 Nach mithich bhi d' chaithris 's a' d' dhùisg—  
 Mu 'n crannar, 's mu 'n duint ort neamh :

Mu 'n iadh umad latha a' bhròin,  
 Is latha a' mhòid r' a chùl,—  
 'S an nochdar am breitheamh na ghlòir,  
 'S an seas thu 'n a' chòir gle dhlùth.

## AN TUIL.

Tha ghrian anns na h-àrdaibh ag éiridh gun  
 . ghruaim,  
 'S an saoghal bu shamhach a' dùsgadh á shuain ;  
 Tha ceolrai na coille a' gleusa 'n cruit chiùil,  
 Cur fàilt air a' mhaduinn le aidhear is sunnd.

Tha maise a' chéitein air réidhleoin nam beann,  
 Air coille nam badan, 's air lagan nan glcann ;  
 Sgaoil samhradh na maise a' bhrat air gach taobh,  
 'S air aghaidh a' chruinne tha gean agus aoidh.

Tha choille a' lùba' fo dhrùchda mhìos Mhàigh,  
 Barr-guchd air gach fiùran, 's gur cùbhrail' am fàil ;  
 'S am barra nan ògan tha còisridh nam fonn,  
 Le 'n ribhaide ceòlmhor, 's le 'n òrain nach trom.

Tha canach air mòintich, tha neònein air blàr,  
 Tha fiùrain is ògain gu nòsar a' fàs ;  
 Tha fochann air còmhuard, tha lòdail gun dì,  
 Le 'phailteas cur sòlas is dòchus 's a' chrì'.

Tha 'n ccannaich r' a cheannachd, tha 'n treabh-  
 aich ri stà,  
 Tha upraid is iomairt gun tilleadh 's gach àit ;  
 Tha 'n buachaill gu h-aotrom ri aodan nan càru,  
 Ag iomain nan caorach, 'chruidh-laoigh, is an àl.

Amach feadh nam bruachag, is chluaintean an  
 fheòir,  
 A' mircadh 's a' ruagadh, gun ghruaman nan còir ;  
 Tha 'n comunn is beadraich, clann bheaga mo  
 ghaoil,  
 Gun ghiomh is gun cagal, ri cleasachd neo-chlaon.

Cia nise am bagradh a chuireadh oirnn sgath,  
Thuir, gu 'n robh 'm breitheamh gu 'r milleadh  
gun bhàigh?

E sgeudaicht le corruich, 's le torran nan spéur,  
Chuir an t-saoghail am mugha, a chruthaich e féin.

Faoin sgeul gun fhìrinn, gu cinnteach, a bh' ann,  
A' chuireadh an ìre an dìle bhi teann;  
Tha gach nì mar bu ghnà, air gach làimh agus àird,  
O choidil ar sinnscar, tha gach nì mar a bha.

'S e Noah bha baoghalt', a shaothraich cho dian,  
A' sgaoileadh an fhaoin-sgeul nach fheud a bhi  
fior,—

A sgap a chuid stòrais, gun sòradh gun stà,  
Air obair na gòraich—bu neònach sud dhà.

Cha chuala maesamhuilt an naidheachd ud riamh;  
'S ciod thuige a ghabhamaid gealtachd na fiamh?  
An t-slige 's a' chuach, mu 'n cuairt iad fo stràchd,  
Gum b' fhada sud uainne, gach smuairin is  
pràmh.

Ach ciod so a' ghruamaich a chuartaich a' ghrian?  
Is ciod so a chuairt-ghaath tha sguaba nan nial?  
“ 'S e torman a' chaochain o'n aonach a t'-ann,—  
'S e anail na gaoithe, o chaoin shlios nam beann.”

Tha clanna an aidhir an talla a' cheòil,  
Gun chùram, gun eagal, ri beadradh mu 'n bhòrd.  
Tha chuirm air a sgaoileadh, is aoidh air gach  
gnùis,  
'S chaidh cùram an t-saoghail a thaobh is air chùl.

Tha phìob is an fhidheal gu fileant ri ceòl,  
Tha 'n t-organ 's a' ehlàrsach gu labhar nan còir;  
Tha 'n t-òran 's an dàn ann, tha àbhaich is mùirn,  
Tha 'n cupa fo stràchd ann, fealadha agus sunnd.

Tha 'n t-òganach rìomhach, 's an rìbhinn deas ùr,  
Le 'n càirdean, 's an dìlsean gu dìleas r' an cùl;

A nasga' am pòsaidh, le deoin an luchd gaoil,  
Tha aidhear is sògh ann, tha sòlas is aoidh.

Ach dhorchaich an latha, tha 'n t-athar fo ghruaim,  
Tha cuantan a' béuchdaich, 's gur déistneach am  
fuaim,  
Tha 'n talamh a' clisgcadh, 's a' briosgadh gu  
'bhonn,  
Bhruchd an cuan thar a' chladach, le sadraich a  
thonn.

Chaidh sgaoileadh gu h-obunn 's a' chomunn bha  
baoth,  
O 's iosal an cridhe bha mireag ri 'n taobh ;  
Ri mionaid na h-uaire ghlac uamhunn is fianh  
An saoghal, mo thruaighe, dh' fhàs suarach mu  
Dhia.

Tha 'n t-uisge a' braona' 's a' taomadh gun tàmh,  
Tha 'n dìle air sgaoileadh, a sgaoil' air gach làimh,  
Nuas broilleach gach aonaich is fraoch bheanna cas,  
Tha 'n dìle a' bruchda gu dùmhail 's gu bras.

Gu ùrlar gach glinne, o fhircach nam beann,  
Tha 'n dìle air mhircadh, a' sireadh gu tcann.  
Tha caoircein tha cràitcach gun tàmh a' dol suas,—  
Tha 'n saoghal 'g a bhàthadh, tha 'm bàs a' toirt  
buaidh.

Tha 'm bàs ann air mhircadh, a' milleadh 's a'  
sgath,  
A sàthadh gu 'n tioma 's gach cridhe a ghath ;  
Mar iolair an fhàsaich, le àbhachd gun truas,  
Ag òl a seachd sàth do bhàl-fhuil nan uan.

Tha 'n dìle a' sgaoileadh gu h-aognuidh 's gu  
bras,  
An dòchus nach faoin e gu 'm feudar dol as !  
Tha 'n òige 's an aois ri saothair gun stàth,  
A glacaibh an aoig ud cha saorar gu bràth.

Nach cruaidh i, a' ghàir ud, tha 'n dràst a' dol suas,

A' bhas-bhualadh chràiteach measg gàrthaich nan stuagh;

An glaodh is an iolach tha srachdadh nan nial,  
Gun dòchus, gun fhiughair ri furtachd o *Dhia*.

“ An cluinn thu sinn idir, am fìdir ar càs?

'N do dhiùlt thu gu tur sinn, 'n do liubhair gu bàs?

A sruthaibh do chorruich, an òl sinn gu sìor?

Do bhagradh, mo thruaighe! ged bu chruaidh e,  
gu 'm b' fhìor.

“ Gur ceart i, ar binne, O 's cinnteach gu leòir,—

Air Dia rinn sinn dimeas—an dimeas bu mhò;

D'a thoil cha do strìochd sinn—mheas fhìrinn mar sgleò—

B' e ar dia ar toilinntinn—ar n-iodhol ro mhòr.

“ Tha 'm firean a chreid thu 's a' chuideachd maraon,

A' ghluais ann a d' eagal, 's a sheas air do thaobh,

An tearmunn na h-àirce, gun sgàth is gun fhiamh,

Roi' dhoinionn nan àrd-bheann is àrdan nan sian.”

Tha 'n dìle a' sgaoilcadh, a' sgaoileadh gu bras,

Thar broilleach gach aonaich is faoin bheanna cas;

Thar fireach gach monaidh, is slinnein nam beann,

Tha 'm bùrlam a' dortadh, a' dortadh na dheann.

Tha na h-còin bheaga bhòidheach, bu cheòlmhor  
's a' choill,

Gun iomradh air òran fo dholtrum is oilt;

Tha 'n spionnadh 'g am fàgail, cha dàn doibh bli  
buan,

Tha 'n nid bheag 's an àlach a' snàmh air a' chuan.

Tha 'n leomhan a b' alluidh, 's madadh alluidh nan càrn,

Tha sionnach an t-saobhaidh, is maoisleach a chà'ir,

Tha damh a' chinn chabraich, is carbag nan tom,—  
An comunn a' chéile, dol éug feadh nan tonn.

O! 's cianail a' ghàir ud, 's gach àit agus taobh,  
'S is cruaidh i an spàirn gu tàradh o 'n aog;  
Tha gach ainmhidh fo éislein, gach creutair fo  
ghruaim,—

Tha 'n t-uisge ag éiridh, ag éiridh gu luath.

Tha 'n treun a bha gaisgeil, tha 'n lag a bha caoin,  
Tha 'n t-òg a bha sgairteil, an glacaibh an aoig;  
Tha 'mhàthair 's am macan a' greasadh gu teann,  
A' streapa 's a' dìrcadh gu cìrcin nam beann.

B'i iomairt a' chruadail gun bhuaidh leatha bh'ann,  
Tha 'n t-uisge a' bualadh ri cruachaibh nam beann;  
Tha 'n tuil air iomsgaoileadh air raon agus blàr,—  
Thar àirde gach monaidh tha 'tonna toirt bàrr.

Tha 'n cath air dol seachad, an cath ud bu chruaidh,  
Is shìolaidh an eubhach bu déist'neach car uair:  
An tuil bhuail a basan, le àitcas is fonn,  
Ag eubhach buaidh chaithream, 's an talamh fo  
bonn.

Faictoradh a' pheacaidh, 's a' bhreitheanas chruaidh;  
Faic caoimhneas is càirdeas an àrd-Rìgh d' a'  
shluagh;

An ciontach tha bàite, rinn tàir air a' chòir,  
Am fìrean tha sàbhailt, thug gràdh dhi le dcòin.

Is faic i an Aire' air bharra nan sùgh,  
Gun chombaist, gun acair, gun acfhuinn, gun siùil,  
A' gabhail a cùrsa fo stiùradh mhic Dhé,  
'S i torrach le dòchus an òg chruinne ché.





